



NAIDHEACHDAN E-SGOIL

AR CUAIRT-LITIR MHÌOSAIL

AM MÀRT 2022

Fàilte gu cuairt litir Ghàidhlig e-Sgoil

Bhon fhìor thoiseach tha a' Ghàidhlig air a bhith na pàirt mhòr de dh'obair e-Sgoil. Le taic bho Riaghaltas na h-Alba, Bòrd na Gàidhlig, Foghlam Alba agus Comhairle nan Eilean Siar, thachair tòrr leasachaidh. Chaidh obraichean a chruthachadh, agus cothroman Gàidhlig ionnsachadh agus a chleachdadh a leudachadh do gach aois.

Bheir na criomagan a leanas blasad beag dhuibh air na rudan anns a bheil sinn air a bhith an sàs.

DÈ THA DOL?

Nan tràth-bhliadhnaichean
&
Bun-Sgoil

Àrd-sgoil S1-6

Foghlam Inbheach

Pròiseactan Sònraichte



Aonghas MacIllinnein

Ceannard e-Sgoil

21-27 AM MÀRT 2022

21-27 MARCH 2022



SEACHDAIN NA GÀIDHLIG
WORLD GAELIC WEEK

WWW.SEACHDAINNAGAIDHLIG.SCOT

Nan tràth-bhliadhnaichean & Bun-Sgoil

Ann an 2021 thòisich Evelyn Coull NicLeòid ann an dreuchd ùr – Manaidsear Foghlam Gàidhlig.




Tha dleastanas Evelyn a' gabhail a-steach obair tràth-bhliadhnachan. Ma tha duine sam bith airson fios a chur gu Evelyn faodaidh iad sin a dhèanamh aig evelyn@gnes.net Chaidh bhidio mu dheidhinn foghlam tro mheadhan na Gàidhlig a chur ri chèile beagan mhìosan air ais agus chìthear e aig a' cheangal a leanas:

www.foghlamgaidhlig.com

Comunn nam Pàrant

Bidh seiseanan Thig a Chluich a' ruith ann an diofar sgìrean air feadh Leòdhais agus na Hearadh. 'S e cothrom air leth a tha seo beagan Gàidhlig ionnsachadh, coinneachadh ri pàrantan eile agus barrachd fhaighinn a-mach mu na buannachdan a tha an cois da-chànanais.



Tuilleadh fiosrachaidh aig a' cheangal gu h-ìosal.

www.thigachluich.blogspot.com/

Saoghal na Cloinne Bige



Is e seo cruinneachadh de shia òrain fichead airson nan tràth-bhliadhnaichean. Chaidh mòran de na h-òrain a sgrìobhadh as ùr agus iad ga do thoirt tro latha ann am beatha leanabh òig; bho bhith a' dùsgadh anns a' mhadainn, turas chun nam bùthan, a' cèilidh air taigh granaidh gu bhith a' dol dhan leabaidh – tha iad uile rim faotainn air Saoghal na Cloinne Bige.

www.foghlamgaidhlig.com/gaidhlig-saoghal-na-cloinne-bige/

Ceòl Gàidhlig

Ceòl agus bhidiothan Gàidhlig airson bun-sgoil agus tràth-bhliadhnaichean le Fionnlagh Mac a' Ghobhainn.

Brùth air na notaichean-ciùil airson barrachd fiosrachaidh



Ceistean cumanta

Cuid de na ceistean as cumanta a tha aig pàrantan mu fhoghlam tro mheadhan na Gàidhlig

www.foghlamgaidhlig.com/ceistean-cumanta/

Gàradh-Fidridh Dug

Tha Gàradh-Fidridh Dug a' tabhann raon ionnsachaidh didseatach eadar-gnìomhach a bhios ga ùrachadh fhèin fad an t-siubhail.

Tha an raon a' riochdachadh saoghal agus ùidh neach-ionnsachaidh òg tro bhith a' nochdadh diofair ghnìomhan agus eòlas ionnsachaidh ùr fhad 's a ghluaiseas iad tro ràithean na bliadhna.



Brùth air dealbh Dug airson barrachd fhaighinn a-mach agus an gàradh-fidridh aige a rannsachadh.

Leugh le Linda



Dh'fhàs e follaiseach gu math luath aig àm a' ghlasadh-sluaigh gun robh feum air seiseanan spòrsail a leigeadh le cloinn na comasan Gàidhlig aca a chumail an àirde gun a bhith a' cur barrachd uallaich orra.

Tro cho-obrachadh le Comhairle nan Leabhraichean, chaidh againn air seiseanan Leugh le Linda a thabhainn do sgoilearan clasaichean 1-3 ann am bun-sgoiltean air feadh Alba.

Bha iad ag èisteachd ri sgeulachdan air an leughadh le Linda NicLeòid agus, nuair a bha e ceadaichte a-rithist, a' seinn còmhla rithe.

A' leantainn air seo, tha Lorna Chaimbeul, tidsear Ealain e-Sgoil, a-nis a' tabhainn leasan anns am faigh sgoilearan stiùireadh air ciamar a dh'fhaodas iad cuid de na caractaran às na leabhraichean a dhealbhadh.

Ealain Air-Loidhne

Thòisich Lorna Chaimbeul ag obair mar thidsear Ealain do dh'e-Sgoil as t-Samhradh 2021 agus mar as trice bidh i a' libhrigeadh chùrsaichean goirid de mu shia seachdainean anns am bi sgoilearan bun-sgoile ag ionnsachadh mu chuspair sònraichte, a leithid Eileamaidean Fradharcach, Dathan Teth is Fuar, no cuspair eile a thagh an tidsear aca. Ionnsaichidh an tidsear mun chuspair aig an aon àm agus thathar an dòchas gun toir sin an comas agus a' mhisneachd dhaibh seiseanan den t-seòrsa a libhrigeadh iad fhèin san àm ri teachd.




Ged a bha Bmh Chaimbeul beagan iomgaineach mun chùis an toiseach, is mì-chinnteach mu ciamar a dhèiligeadh i ri sgoilearan a bha na b' òige an fheadhainn a bha i cleachdte ris, tha na seiseanan air a bhith a' còrdadh rithe gu mòr, gu sònraichte nuair a bhios sgoilearan earbsach nam measg oir, mar a thuirt i,

“


aig an aois sin, canaidh iad na tha iad a' smaoinneachadh.

”

Bho chionn ghoirid, mar eisimpleir, rinn i leasan le Sgoil Bhrèascleit, Eilean Leòdhais, anns an do sheall i dhaibh dealbh le Kandinsky. Cha robh na sgoilearan den bheachd gun robh e ro ealanta idir agus bha iad deimhinne gun dèanadh iadsan obair na b' fheàrr! Fhuair iad an uair sin an cothrom an dearbh rud sin fheuchainn.



Brùth am putan “cluich” airson cluinntinn bho Lorna agus faighinn a-mach càit a bheil sinn air a bhith a’ libhrigeadh a’ phròiseict seo



A’ teagaisg aig astar a dh’Ath Tharracail

Aig deireadh 2021, bha suidheachadh dùbhlach ro Bhun-sgoil Àth Tharracail nuair a bha tidsearan Gàidhlig a dhìth orra. Cha robh luchd-obrach bun-sgoile eile le Gàidhlig rim faighinn san sgìre a ghabhadh na clasaichean, agus mar sin thàinig iad gu e-Sgoil a’ lorg taic. Chaidh aca ri uairean obrachadh a-mach tron t-seachdain nuair a gheibheadh sgoilearan GM1-3 agus GM4-7 leasanan beò, eadar-ghnìomhach air-loidhne bho thriùir de thidsearan Gàidhlig bun-sgoile a th’ aig e-Sgoil. Cho math ri sin, chaidh sgoilearan an lùib sreath de chlasaichean air cuspairean sònraichte anns an do dh’ionnsaich iad, anns a’ Ghàidhlig, mu Ealain agus, ann an com-pàirt le Keep Scotland Beautiful, mu Atharrachadh na Gnàth-shìde. Mar thoradh air leasanan e-Sgoile, chaidh aig sgoilearan Àth Tharracail air leantainn orra le bhith ag ionnsachadh tro mheadhan na Gàidhlig agus na comasan aca a chumail aig ìre tron Fhaoilleach 2022.

Bha e-Sgoil toilichte nuair a chualas sa Ghearran gun deach aig Sgoil Àth Tharracail air tidsear a lorg gu h-ionadail.

“Bha mi son taing mhòr dha-rìribh a thoirt do luchd-obrach e-Sgoile airson na fhuair sinn de thaic thairis air na seachdainean a dh’fhalbh. Bha e mìorbhaileach agus tha sinn gu mòr nur comain!”

Bruth am putan airson cluinntinn bho Lyndsay



Lyndsay Bradley,
Ceannard Co-bhun-sgoiltean Àth Tharracail agus Chille Chòmhain

“Bha sinn ag ionnsachadh Ealain air-loidhne agus bha sin fìor mhath. Tha camara sònraichte ga chleachdadh agus bha sin math or chitheadh sinn gach nì. Bha e furasta a leantainn. Bha na buidhnean beaga ag obair gu math.” GM4-7

Misneachd & Deasbad Beag

Tron ghlasadh-sluaigh, thòisich e-Sgoil air prògram sònraichte do sgoilearan eadar GM1-S6. Bha an t-àm air falbh bhon sgoil air droch a thoirt bhuidh air na comasan agus a' mhisneachd aca, gu sònraichte nuair a thigeadh e gu èisteachd agus labhairt.



Chòrd am prògram cho mòr ri sgoilearan, pàrantan agus tidsearan 's gun do thill iad thugainn nuair a chaidh na sgoiltean air ais, ag iarraidh oirnn leantainn oirnn.

Mar sin, thòisich sinn prògram ùr "Misneachd", le leasan a tha gu sònraichte ag amas air comasan labhairt is èisteachd do sgoilearan bho air feadh Alba. Tha cuid den luchd-obrach againn a-nis air trèanadh fhaighinn gus taic a chumail ri sgoilearan air a bheil dyslexia agus duilgheadasan ionnsachaidh eile.

An-dràsta, tha an sgioba a' leasachadh sgilean deasbaid le sgoilearan eadar P4-7. Anns na seiseanan seo, thig iomadach sgoil còmhla agus bidh iad ag obair gu ruige deasbaidan beaga sa chlas. Thèid na sgiobaidhean a bhuannaicheas air adhart dhan ath chuairt agus bidh a' chuairt dheireannach ga cumail air Dihaoine 24mh den Mhàirt mar phàirt de Sheachdain na Gàidhlig. Tha sinn a' coimhead air adhart ri am beachdan fhaighinn air ceistean mar "Am bu chòir do chlann-sgoile an clàr-bidh a dhealbadh?" agus "A bheil e ceart gu bheil beathaichean air an cumail ann an sùthan?"

Cùm Alba Àlainn (Keep Scotland Beautiful; KSB)

Dh'obraich e-Sgoil gu dlùth le carthannas KSB aig àm COP 26 an-uiridh 's bha cùisean cho soirbheachail 's gun do ghabh a' mhòr-chuid de dh'aonadan Gàidhlig bho air feadh Alba pàirt anns na leasan. 'S i Angela Nic a' Mhaoilein a lìbhrig na seiseanan.



Thug seo oirnn smaoineachadh gum biodh e air leth feumail aonad a chruthachadh mu bhuidh Siubhal agus Turasachd air an àrainneachd, do sgoilearan aig ìre ÀS1 & 2. Le co-obrachadh eadar e-Sgoil, KSB, Foghlam Alba agus Stòrlann, tha Angela air a fastadh gus an obair a thoirt air adhart.


Brùth am putan airson cluinntinn bho Angela



Pròiseact STEM

(Saidheans, Teicneòlas, Einnseanaireachd, Matamataig)
do na Tràth-bhliadhnaichean

A' leantainn air soirbheas pròiseact STEM bun-sgoile a thabhainn Foghlam Alba tro e-Sgoil, b' e fòcas na h-ìomairte seo a bhith a' togail mothachaidh agus misneachd mu STEM am measg luchd-obrach Gàidhlig ann an Tràth-bhliadhnaichean.



'S i Muriel NicLeòid am prìomh thidsear STEM airson nan Tràth-bhliadhnaichean Gàidhlig. Chaidh iarraidh oirre taic a chumail ri luchd-obrach nam Tràth Bhliadhnaichan gus am misneachadh le STEM agus prògram teagaisg a dhealbh.

Thabhainn i oideachadh a chuidich luchd-obrach le bhith ag aithneachadh deagh-chleachdaidhean agus a bhith ga cho-roinn le daoine eile. Togaidh seo air prionnsabalan "Realising Ambition" agus bheir e buaidh air eòlas dhaoine òga. Chaidh suirbhidh a chleachdadh airson fios bunasach a thrusadh agus gus feumalachdan Leasachadh Proifeiseanta Leantainneach a shoilleireachadh. Ghabh luchd-obrach bho gach aonad Tràth-bhliadhnaichean Chomhairle nan Eilean Siar pàirt.

'S urrainn do gach neach-obrach faighinn gu buidheann Microsoft Teams STEM nan Tràth-bhliadhnaichean, far an tèid aca air a dhol an lùib ionnsachaidh, leasachadh proifeiseanta agus eisimplearan deagh-chleachdaidh.

Pròiseact Dràma do bhun-sgoiltean

Tha pìleat de sheiseanan dràma gan lìbhrigeadh gu Sgoil a' Bhac an-dràsta anns a bheil sgoilearan GM1&2 ag obair air òrain is abairtean, agus buidheann GM5-7 a' leasachadh script dràma a bhios iad a' taisbeanadh air beulaibh luchd-èisteachd aig a' cheann thall. Thathar an dùil an aon sheòrsa rud a thabhann do sgoiltean eile an dèidh na Càisge.



A bharrachd air a bhith a' toirt cothruim air beagan plòigh is spòrs dha na sgoilearan, thathar ag amas air a bhith a' toirt nan comasan cànan aca air adhart. A thuilleadh air a sin tha cothrom ann do thidsearan na sgilean aca a leasachadh agus a dhol an lùib a' phròiseict ann an dòigh sam bith a tha iad ag iarraidh, mar eisimpleir le bhith ag obair air script no air a bhith a' toirt a' phìos dràma chun an àrd-ùrlair.

Tha am pròiseact seo ga thabhann ann an com-pàirteachas dlùth ri Ionnsachadh Coimhearsnachd Inne Gall agus air a lìbhrigeadh le Preantas Litearrachd Inbheach agus an t-oide-coimhearsnachd aca, Fhuair eadh taic-maoineachaidh bho Mhaoin Taic Covid-19 aig Bòrd na Gàidhlig.

Annas a' bhad!

Chuir e-Sgoil seirbheis air-loidhne air chois bho chionn ghoirid gus faothachadh a thoirt do sgoiltean aig a bheil trioblaidean a thaobh tidsearan fhaighinn ann an aithghearrachd, aig amannan èiginneach.

Chaidh Kathleen Nicrath à Siabost, Eilean Leòdhais, fhadhadh gus leasan 50 mionaid, litearreachd agus àireamhachd (a sheasas leotha fhèin) ullachadh airson gach ìre den bhun-sgoil. Aig àm èiginn, faodaidh ceannard an luchd-teagaisg againn a bhùcadh tro shiostam didseatach agus nochdaidh iad air sgrìon anns na sgoiltean gus clasaichean a ghabhail. Faodaidh an neach-taic àbhaisteach, no 's mathaid tidsear aig nach eil Gàidhlig, sùil a chumail air a' chlas san sgoil.



Chan eil cosgais an lùib seo air sgàth 's gur e pròiseact paidhleit a th' ann 's tha mòran sgoiltean air an t-seirbheis a chleachdadh sna seachdainean a chaidh seachad air sgàth Covid.

Ard-Sgoil 1-6

Nàiseanta 5 & Àrd-ìre Gàidhlig / Gaelic

Gach bliadhna, bidh e-Sgoil a' tabhann cothruim do sgoilearan teisteanas Gàidhlig a chosnadh aig ìre Nàiseanta 5 no Àrd-ìre, an dara cuid ann an Gàidhlig (Fileantaich) no Gaelic (Luchd-ionnsachaidh). A rèir iarrtais, bithear a' tabhann cùrsa aig Sàr Àrd-ìre cuideachd.

Thèid aig sgoilearan bho air feadh Alba air clàradh airson nan cùrsaichean seo agus thathar gu sònraichte ag amas air an fheadhainn nach eil a' faighinn cothruim cùrsa den t-seòrsa a dhèanamh san sgoil aca fhèin.

Tha na cùrsaichean air a bhith gu math soirbheicheil agus, a bharrachd air a dhol air adhart gu clas eile, tha cuid de na sgoilearan againn a-nis a' dèanamh chùrsaichean ceum aig Sabhal Mòr Ostaig.

Am bliadhna, tha a' chiad sgoilear a' dèanamh Gàidhlig ann an Sealtainn, aig ìre Naiseanta 5.

Leudachadh a' Churraicealaim

Tha sinn ag amas air na cuspairean a thathas a' lìbhrigeadh tro mheadhan na Gàidhlig a leudachadh 's an deànamh nas tarraingiche do sgoilearan. Bhon Lùnastal 's a' tighinn bidh sinn a' ruith chùrsaichean Preantasachd Bhunasach anns na Meadhanan Cruthachail Didseatach agus Cùram Cloinne, chan ann a-mhàin sna h-Eileanan an Iar ach air feadh Alba. Tha sinn cuideachd an dochas Teisteanas Leasachadh Pearsanta a fhabhann a leigeas le sgoiltean a dhol air adhart gu Duais Adhartas Nàiseanta ann an Iomairt agus So-fhadhadh.

Beairteas




Thigibh a dh'èisteachd ri cuid de na daoine as cliùitiche ann an saoghal na Gàidhig a bhios a' bruidhinn mun bheatha aca agus na rudan a tha a' còrdadh riutha. Gheibh sgoilearan cothrom bruidhinn riutha agus ceistean a chur orra son piseach a thoirt air an cuid Gàidhlig.

Gheibhear barrachd fiosrachaidh agus faodar clàradh an seo:

<https://www.feisean.org/beairteas/>

Foghlam Inbheach



Ionnsachadh Inbheach

Chan ann do dh'òigridh a-mhàin a tha tairgse Ghàidhlig e-Sgoile. Thathar a' tabhann chùrsaichean, an dàrna cuid foirmeil no neo-fhoirmeil, do dh'inbich cuideachd. Gheibhear barrachd fiosrachaidh mu chùrsaichean foirmeil, a leithid Nàiseanta 5 agus Àrd-ìre, cho math ri ar tairgse coimhearsnachd agus do theaghlach an seo:

www.facebook.com/CLHebrides



My Way

Sònraichte

Mo Shlighe Fhèin

The sgioba e-Sgoil agus an t-Aonad Ioma-Mheadhan air a bhith a' clàradh sreath de bhideothan anns a bheil daoine òga bho dhiofar àiteachan a' bruidhinn mun t-slighe a ghabh iad tron sgoil gu saoghal na h-obrach agus an fheum a rinn Gàidhlig dhaibh. Tha measgachadh de Bheurla 's de Ghàidhlig anns na clàraidhean oir tha sinn airson luchd-ionnsachaidh a mhisneachadh gu fileantachd.

Seo feadhainn dhiubh. www.e-sgoil.com/my-way/

LUACH

'S e fèis a th' ann an LUACH a bhios a' cur air adhart thachartasan ann an Leòdhas agus na Hearadh. Tha an fhèis seo air a lìbhrigeadh gu lèir anns a' Ghàidhlig



Bidh tachartasan ann airson gach aois agus a' freagairt air daoine aig a bheil ùidh ann am farsaingeachd de chur-seachadan. Chan fhaighear eisimpleir nas fheàrr de dh'obair com-pàirteachais.


Brùth air suaicheantas Facebook airson barrachd fiosrachaidh



Leabhar e-Ceilidh

Thairis air a' bhliadhna a dh'fhalbh, tha Seirbheis Ciùil na Comhairle air a bhith an sàs ann am pròiseact a tha air a mhaoineachadh le Bòrd na Gàidhlig, airson goireas ullachadh mar dhìleab do thachartasan e-Cèilidh nan Òg a ghabh àite tron ghlasadh-sluaigh ann am 2020, cho math ri pròiseact Dìleab: Air a' Chuan. 'S e leabhar didseatach a th' anns a' ghoireas seo leis an tital

"Cladaichean is Uisgeachan: Fuinn agus òrain bho na h-Eileanan Siar".



Bidh an goireas seo freagarrach do sgoilearan bun-sgoile agus nas sine agus anns an e-leabhar, gheibhear fuinn le ceòl sgrìobhte, faclan nan òran agus còrdan. Mar sin, gabhaidh an cluich air farsaingeachd de dh'ionnsramaidean, nam measg am feadan agus a' phìob-mhòr, agus bidh e comasach an cluich mar chòmhlán no mar neach-ciùil air leth. Chaidh goireasan didseatach eile a leasachadh a chumas taic ris a' cheòl sgrìobhte. Tha bhideothan-oideachaidh ann, bhideothan leis an urrainn dhut cluich aig an aon àm agus cùl-cheòl ma tha thu airson cluich no seinn leat fhèin.

Gheibhear cùl-fhiosrachaidh mu gach pìos cuideachd a bheir tuigse nas fheàrr dhan luchd-leughaidh mu thachartasan eachdraidheil no sgìreil, no feartan cultarail a tha cudromach do bhrìgh a' chiùil. A bharrachd air sin, chaidh planaichean-leasain thar-churraicealam ullachadh a leigeas le tidsearan is sgoilearan rannsachadh a dhèanamh air cuspairean co-cheangailte ris a' cheòl. Tha planaichean-leasain ann airson nan Thràth-bhliadhnaichean, a' Chiad agus an Dàrna Ìre, agus gabhaidh pròiseactan beaga a leasachadh do chlasaichean/sgoiltean gu lèir, a thèid an cois roinnean Curraicealam airson Sàr-mhathais.

Gheibhear barrachd fiosrachaidh mu phròiseactan e-Cèilidh agus e-Cèilidh nan Òg, Dìleab agus Seirbheis Ciùil nan Eilean Siar tro na ceanglaichean a leanas:



e-Cèilidh website



Dìleab website



CnES Instrumental Music Service blog

Thèid an e-leabhar a chur air bhog beò bho e-Sgoil air Dihaoine 25mh Màirt aig 11m, agus cluinnear pìosan-ciùil beò cho math ri feadhainn a chaidh an clàradh le sgoilearan ro làimh. Gheibhear chun an tachartais an seo:

[Leabhar e-Cèilidh](#)

Co-obrachadh

Tha Comhairle nan Eilean Siar gu mòr an comain nam buidheannan a tha a' co-obrachadh leinn ann a bhith a' toirt a h-uile pròiseact a th' air ainmeachadh gu buil. Às aonais sin, cha bhiodh cùisean a leth cho soirbheachail 's a tha iad. Mòran taing do:

Riaghaltas na h-Alba, Foghlam Alba, Bòrd na Gàidhlig, KSB, Stòrlann, Comhairle nan Leabhraichean, Twinkl agus Colaisde Caisteal Leòdhais agus a h-uile buidheann a tha an sàs ann an LUACH!

Brùth air na suaicheantais arson fiosrachadh mu na buidhnean.



National e-Learning Offer

Tha an Tairgse Nàiseanta Ionnsachadh Didseatach a' cur ri libhrigeadh teagaisg agus ionnsachaidh le sgoiltean, ùghdarrasan ionadal agus Caidreachasan Leasachaidh Roinneil ann an Alba.



Tha trì roinnean ann – goireasan beò, goireasan air an clàradh agus goireasan taice. 'S e clasaichean eadar-ghnìomhach air-loidhne a th' ann an goireasan beò. Faodar coimhead air goireasan clàraichte aig àm sam bith. Tha measaidhean, deuchainnean practaigeach, goireasan ath-sgrùdaidh is eile am measg nan goireasan taice.



Chaidh na goireasan gu lèir a chruthachadh airson tidsearan le tidsearan gus taic a chumail ri leasachadh cothroman ionnsachaidh thairis air a' churraicealam, bho thoiseach Foghlam Farsaing Coitcheann gu na h-ìrean as àirde.

Brùth air suaicheantas NeLO agus West OS gu h-àrd airson barrachd fhaighinn a-mach agus sùil a thoirt air stòran ghoireasan.

CÙM FIOS RI E-SGOIL



Gach Dihaoine tron teirm, bidh sinn a' sgaoileadh fios mu na tha gu bhith a' dol san ath sheachdain, cho math ri clàran-ama mionaideach de dh'oideachaidhean-lìn beò Taic Ionnsachaidh agus DYW Beò. Thèid seo fhoillseachadh air duilleag-dhachaigh an làraich-lìn againn agus cuideachd air na meadhanan sòisealta againn. Brùth air na suaicheantasan gu h-ìseal airson stiùireadh.

Ma tha thu airson a' chuairt-litir mhìosail againn fhaighinn, faodaidh sibh ur n-ainm a chur ris an liosta puist againn leis an fhoirm a gheibhear bhon cheangal gu h-ìseal no le bhith a' sganadh a' chòd QR.



**44 Sràid Fhrangain,
Steòrnabhagh,
Eilean Leòdhais,
HS1 2NF**



01851 822850



e-sgoil@gnes.net



www.e-sgoil.com

<http://bit.ly/e-sgoilmail>

